



SCOTTISH LAND COMMISSION  
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

# Plana Ro-innleachdail

2023 – 2026



Sluagh

Smachd

Soirbheachas



# Clàr-innse

|  |           |
|--|-----------|
| <b>Ro-ràdh</b>   | <b>02</b> |
| <b>Carson a tha fearann cudromach</b>                                | <b>03</b> |
| Neoni lom, nàdar agus eadar-ghluasad cothromach                      | 04        |
| Soirbheachas eaconamach agus a' dèiligeadh ri neo-ionannachd         | 04        |
| Cur a-steach gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta                  | 04        |
| <b>Ath-leasachadh an fhearainn agus Coimisean Fearainn na h-Alba</b> | <b>05</b> |
| Cò sinn agus na tha sinn a' dèanamh                                  | 06        |
| Cuid den obair againn gu ruige seo                                   | 08        |
| <b>An Ro-innleachd Againn: Sluagh, Smachd agus Soirbheachas</b>      | <b>10</b> |
| An Lèirsinn againn   | 11        |
| Sluagh   | 12        |
| Smachd   | 13        |
| Soirbheachas   | 14        |
| <b>Mar a bhios sinn a' libhrigeadh</b>                               | <b>15</b> |
| Prògram na h-Obrach  | 15        |
| <b>A' cumail suas mar bhuidheann àrd-dèanadach</b>                   | <b>16</b> |
| Na luachan againn  | 16        |
| Leasachadh na buidhne  | 16        |
| <b>Ro-innleachd ionmhasail</b>                                       | <b>17</b> |
| <b>Cumail sùil air coileanadh</b>                                    | <b>18</b> |

# Ro-ràdh

Tha fearann na h-Alba aig teis-meadhan amasan na dùthcha airson eadar-ghluasad cothromach do neoni lom, soirbheachas eaconamach agus lùghdachadh neo-ionannachdan. Tha sinn beò ann an deichead a tha làn atharrachaidhean agus anns a bheil targaidhean àrd-amasach ann aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde agus nàdair airson 2030 còmhla ri ro-innleachd airson cruth-atharrachadh eaconamach. Gus na h-àrd-amasan seo a ruigsinn, bidh feum ann air dòighean-smaoineachaidh dàna agus air atharrachaidhean sna dòighean a tha sinn a' sealbhachadh agus a' cleachdadh fearann ann an Alba.

'S e adhbhar Coimisean Fearainn na h-Alba ceannardas agus dòigh-smaoineachaidh ùr a thoirt seachad, le taic bho shàr rannsachadh, anailis agus comhairle. Tha am Plana Ro-innleachdail againn airson 2023-26 a' cur an cèill fòcas airson na h-obrach againn air slugh, smachd agus soirbheachas:

- A' comasachadh dhaoine gus pàirt a ghabhail ann, agus buaidh a thoirt air, co-dhùnaidhean air fearann
- Ag eug-samhlachadh cumhachd agus smachd air seilbheadaireachd is riaghladh fearainn
- A' cleachdadh luach is buannachdan an fhearainn gus soirbheachas eaconamach nàiseanta a chruthachadh.

A bharrachd air comhairle agus fianais a thoirt seachad gus buaidh a thoirt air poileasaidh, tha sinn air dreuchd a leasachadh dhuinn fhìn, dreuchd a tha fhathast a' fàs, far am bi sinn a' toirt comhairle do dh'ùachdarain, manaidsèaran, comhairlichean agus coimhearsnachdan gus taic a thoirt do bhuileachadh na h-aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearainn na h-Alba. Cumaidh sinn oirnn a' toirt na comhairle seo a tha a' toirt taic do dh'atharrachadh air an làr, fhad 's a tha sinn cuideachd a' coimhead air adhart ri ath-leasachaidhean nas ro-innleachdail gus fearann na h-Alba a chur gu feum barrachd.

Tha fios againn gu bheil daoine dlùth-cheangailte ri fearann na h-Alba ann an iomadh dòigh chumachdach aig ìre an neach fa leth agus air sgèile nàiseanta. Tha sinn a' leantainn oirnn cuideam làidir a chur air a' Choimisean a bhith ag obrachadh ann an dòigh fhosgarr agus so-ruigsinneach, a' dèanamh conaltradh le daoine fad is farsaing air feadh bailtean is sgìrean dùthchail na h-Alba gus cumadh a thoirt do dh'ath-leasachaidhean agus do chultar.



Andrew Thin, Cathraiche



Hamish Trench, Ceannard



# Carson a tha fearann cudromach

Tha fearann cudromach a chionn 's gu bheil sinn uile feumach air agus ga chleachdadh. Bidh fearann a' fiosrachadh iomadh pàirt de ar beatha an dara cuid ann am bailtean agus ann an sgìrean dùthchail na h-Alba, bho thaigheadas agus na tha timcheall oirnn gus an eaconamaidh agus obair-ghnìomha air gnàth-shìde agus nàdar. Tha fearann an dà chuid na stòras pearsanta agus na ghoireas nàiseanta. Tha an dòigh sa bheilear a' cleachdadh agus a' cur rian air còraichean is dleastanasan seilbheadaireachd fearainn aig teis-meadhan soirbheachas na h-Alba. 'S ann air an adhbhar sin gu bheil prògram leantainneach airson ath-leasachadh an fhearainn mar phàirt de mhodh-obrach na h-Alba mu choinneimh nan dùbhlàn mòra an lùib eadar-ghluasad cothromach, cruthachadh soirbheachas agus dèiligeadh ri neo-ionannachdan.

## Neoni lom, nàdar agus eadar-ghluasad cothromach



Tha fearann aig teis-meadhan gealltanasan àrd-amasach na h-Alba airson obair-ghnìomh air gnàth-shìde agus nàdar. Tha Alba air turas a thòiseachadh far am bi atharrachaidhean brìoghmhor ann an cleachdadh an fhearainn a' tachairt gus neoni lom a choileanadh. Gus eadar-ghluasad cothromach a choileanadh, bidh feum ann air modh-obrach a dh'aona-ghnothach a thaobh ath-leasachadh seilbheadaireachd an fhearainn agus dealbhachadh margaidh an fhearainn air chor 's gum bi atharrachaidhean ann an cleachdadh an fhearainn agus tasgadh-airgid a' neartachadh choimhearsnachdan agus eaconamaidhean ionadail. Feumaidh atharrachaidhean ann an cleachdadh an fhearainn a bhith aig teis-meadhan oidhirpean nas fharsainge gus eaconamaidh sunnd a chruthachadh a tha soirbheachail agus ùr-nodha.

## Soirbheachas eaconamach agus a' dèiligeadh ri neo-ionannachd



Tha fearann bunasach do dh'eaconamaidh na h-Alba; 's e aon de na stòrasan as bunaitiche a th' againn, agus bu chòir dha taic a thoirt don t-soirbheachas againn. Tha barrachd is an dàrna leth de shaidhbhreas na Rìoghachd Aonaichte ga chumail ann am fearann agus seilbh; mar sin, bidh an dòigh sa bheilear gu tairbheach a' cleachdadh an t-saidhbhreis seo deatamach airson soirbheachas is sunnd a h-uile duine againn. Le neo-ionannachdan a' dol am meud, tha an dòigh sa bheilear a' sealbhachadh fearann agus na dòighean sam bi luach, dleasan agus buannachdan gan co-phàirteachadh fìor chudromach gus cumadh a thoirt do dh'eaconamaidh a bhios nas cothromaiche agus nas soirbheasaiche.

## Cur a-steach gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta



Tha an obair againn a' cur ri libhrigeadh nam builean a leanas san Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba agus Amasan Leasachaidh Sheasmhaich nan Dùthchannan Aonaichte:

### Builean frèam coileanaidh nàiseanta Riaghaltas na h-Alba:



Eaconamaidh



Àrainneachd



Coimhearsnachdan



Còraichean Daonna

### Amasan nan Dùthchannan Aonaichte airson leasachadh seasmhach:



Bailtean-mòra agus Coimhearsnachdan Seasmhach



A' lùghdachadh neo-ionannachd




Gnìomhach a thaobh na gnàth-shìde



Beatha air Tìr



Deagh Obraichean agus Fàs Eaconamach



# Ath-leasachadh an fhearainn agus Coimisean Fearainn na h-Alba

Tha ath-leasachadh an fhearainn a' ciallachadh gu bheil a' dèanamh cinnteach gum bi na dòighean sam bithear a' sealbhachadh agus a' cleachdadh an fhearainn gam freagarrachadh gus feumalachdan is dùilean muinntir na h-Alba a choileanadh. Tha e mu dheidhinn atharrachaidhean don t-siostam airson còraichean, seilbheadaireachd agus cleachdadh an fhearainn agus an dòigh sa bheil margaidhean fearainn ag obair. Bidh e a' gabhail a-steach atharrachadh laghan agus poileasaidh, a bharrachd air atharrachadh cultair agus chleachdaidhean, agus tha e buntainneach do dhaoine air feadh bailtean is sgìrean dùthchail na h-Alba.

Tha Aithris Còraichean agus Dleasan Fearainn na h-Alba, air aontachadh le Pàrlamaid, a' toirt seachad frèam-obrach làidir gus stiùireadh a thoirt do dh' ath-leasachadh leantainneach. Tha am frèam-obrach a' faighinn taic bho àrd-amas na h-Alba a bhith a' coileanadh chòraichean eaconamach, sòisealta agus cultarach tro atharrachaidhean san dòigh a thathar a' seilbheachadh agus a' cleachdadh an fhearainn. Ann an aithghearrachd, tha e mu neo-ghlasadh chothroman airson daoine air feadh Alba am fearann againn a chur gu feum barrachd, a-nis agus airson nan ginealaichean ri teachd.



'S e an dreuchd againn a bhith a' toirt seachad ceannardas agus comhairle air ath-leasachadh seilbheadaireachd agus cleachdadh an fhearainn ann an Alba.

## Cò sinn agus na tha sinn a' dèanamh

'S e an dreuchd againn a bhith a' toirt seachad ceannardas agus comhairle air ath-leasachadh seilbheadaireachd agus cleachdadh an fhearainn ann an Alba. Tha sinn a' comhairleachadh Riaghaltas na h-Alba, Pàrlamaid agus buidhnean eile air prògram leantainneach de dh'ath-leasachaidhean do lagh agus poileasaidh, agus tha sinn a' toirt seachad ceannardas airson atharrachaidhean ann an cultar agus cleachdadh.

'S e buidheann phoblach neo-roinneil a th' annainn, a chaidh a stèidheachadh ann 2017 le Pàrlamaid tro Achd Ath-leasachadh Fearainn (Alba) 2016. Bidh Ministearan na h-Alba a' cur an dreuchd ballrachd a' bhùird againn, air a bheil còignear Choimiseanairean Fearainn agus aon Choimiseanair Tuathanais Màil. Tha dleastanasan reachdail nan Coimiseanairean Fearainn agus a' Choimiseanair Tuathanais Màil air am mìneachadh ann an earrannan 22 agus 26 den Achd 2016. Tha na Coimiseanairean a' faighinn taic bho sgioba beag luchd-obrach.

'S e seo an treas plana ro-innleachdail againn. Thar nan sia bliadhna mu dheireadh, tha sinn air comhairle a thoirt seachad air molaidhean cudromach airson ath-leasachaidhean do phoileasaidh agus reachdas a bharrachd air cuideachadh gus atharrachaidhean susbainteach a stiùireadh ann an cultar agus cleachdadh. Tha am plana ro-innleachdail seo a' togail air an obair againn gu ruige seo ach tha e ag ùrachadh ar fòcas gus cumail suas leis a' cho-theacsa atharrachail.



Na coimiseanairean Fearainn (clì gu deas): An Dr Sally Reynolds, Andrew Thin (Cathraiche), Lorne MacLeod, an t-Àrd-ollamh David Adams, Megan MacInnes an Dr Bob McIntosh (Coimiseanair Tuathanachas Màil).





#MyLandScotland

MY  
LAND  
.SCOT

# LAND IS OUR HERO FOR A SCOTLAND NET ZERO



The way we use and own land plays a key role in helping Scotland tackle climate change. So in the lead up to COP26, have a look at the land around you and see how you can get involved.

Visit [myland.scot](http://myland.scot) for more information and inspiring stories of how land is being used by communities across Scotland to fight climate change.

STREET LEVEL

FOREST LEVEL



FOREVER CHANGES

FOREVER CHANGES

2010 - January 2021

2010 - January 2021

CONTEMPORARY WOODS PHOTOGRAPHY

CONTEMPORARY WOODS PHOTOGRAPHY

© 2021

© 2021

Tha iomadh raon ann air am faodadh an Coimisean fòcas a chur, ach mar bhuidheann bheag feumaidh sinn prìomhachas a thoirt dhaibhsan sam b' urrainn a' bhuidh a bu mhotha a bhith aig ath-leasachaidhean. Sa phlana seo, bidh am fòcas againn gu h-àraid air taic a thoirt do dh'eadar-ghluasad cothromach gu neoni lom, ann an deichead a tha làn atharrachaidhean airson obair-ghnìomha air gnàth-shìde, nàdar agus eaconamaidh.

## Cuid den obair againn gu ruige seo



### Ath-leasachaidhean seilbheadaireachd fearainn

Rannsachadh is anailis air sgèile agus co-chruinne seilbheadaireachd an fhearainn agus molaidhean brìoghmhor air ath-leasachadh mar phàirt de cho-chomhairleachadh Riaghaltas na h-Alba air Bile Ath-leasachadh an Fhearainn.

Lèirmheas air na tha air tachairt gu h-eadar-nàiseanta a thaobh eadar-theachdan ann an seilbheadaireachd fearainn gus cumadh a thoirt do smaoinichadh ùr airson Alba.

Lèirmheas air na tha air tachairt gu h-eadar-nàiseanta a thaobh seilbheadaireachd leis a' choimhearsnachd is leis a' bhaile agus molaidhean gus taic a thoirt do leudachadh seilbheadaireachd fearann coimhearsnachd agus a bhith ga àbhaisteachadh mar roghainn air feadh Alba.

Lèirmheas air Fearann a' Mhaith Choitichinn agus roghainnean airson ath-leasachadh gus an dòigh sam bi am Math Coitcheann a' cumhachdachadh choimhearsnachadh a nodhachadh.



### Ath-leasachaidhean fearainn taigheadais

Molaidhean airson ath-leasachaidhean sa mhargaidh fearann taigheadais gus gluasad a dh'ionnsaigh modh-obrach air a stiùireadh le leas a' phobaill.

Lèirmheas air leasain bhon Roinn-Eòrpa a thaobh co-thional fearainn gus diofar mhodhan-obrach a chomharrachadh a bhiodh buntainneach do dh'Alba.

Rannsachadh agus comhairle a thaobh glacadh luach an fhearainn gus leasachadh agus bun-structar a chomasachadh

Rannsachadh air cho luachmhor 's a tha conaltradh tràth ann an dealbhadh.

Sgrùdadh air tasgadh fearainn gus stiùireadh a thoirt do dh'obair-ghnìomha air leasachadh faotainneachd fearann taigheadais.



### A' cruth-atharrachadh fearann falamh agus fàsail

Buidheann-ghnìomha a ghairm gus modh-obrach na h-Alba a thaobh ath-chleachdadh fearann falamh agus fàsail, ag adhbharachadh prògram mholaidhean, a' gabhail a-steach am Prògram airson Tasgadh ann am Fearann Falamh agus Fàsail.

Moladh airson Òrdughan Reic Èigneachail gus dèiligeadh ri cnap-starraidhean gu ath-chleachdadh.

Stiùireadh air mar a mheasar buannachdan eaconamach iomlan bho ath-chleachdadh fearann gus dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt fa-near buaidhean sòisealta agus eaconamach nas fharsainge a bharrachd air buaidhean ionmhasail.

Lèirmheas air bunan maoinichaidh gus taic a thoirt do lìbhrigeadh ath-chleachdadh fearann.



## Margaidh fearainn dùthchail agus calpa nàdarra

Geur-bheachdan agus dàta air margaidh fearainn dùthchail air am foillseachadh gus cumadh a thoirt do phoileasaidh agus dàta air treandaichean a chruthachadh.

Molaidhean air ath-leasachaidhean a thaobh riaghailtean, cìsean agus taic fhiosgail gus dèanamh cinnteach gu bheil tasgadh ann an calpa nàdarra a' toirt taic do dh'eadar-ghluasad cothromach.

Stiùireadh air mar a nithear cinnteach gum bi atharrachadh cleachdadh fearainn agus nàdair a' libhrigeadh bhuanachdan eaconamach is sòisealta do choimhearsnachdan ionadail.



## Ath-leasachaidhean cìseachais

Rannsachadh air na tha air tachairt gu h-eachdraidheil agus gu h-eadar-nàiseanta a thaobh cìs luach an fhearainn gus roghainnean a thoirt seachad airson Alba.

Rannsachadh air molaidhean air ath-leasachadh chìsean fearainn gus luach an fhearainn a chìseachadh ann an dòigh nas èifeachdaiche.



## Prògram Deagh Chleachdadh airson Còraichean agus Dleastanasan an Fhearainn

Ochd Leas-chunnraidhean air Còraichean agus Dleastanasan an Fhearainn air am foillseachadh gus dùilean practaigeach a shocrachadh a thaobh cleachdadh cùramach ann a bhith a' libhrigeadh nam prionnsapalan Còraichean agus Dleastanasan an Fhearainn air an làr.

Obair-chùise a' toirt taic do dheagh chleachdadh agus a' dèiligeadh ri cùisean-iomagain a thog coimhearsnachdan no uachdarain.

Prògram de stiùireadh, comhairle agus trèanadh gus taic a thoirt do bhuileachadh for-ghnìomhach Còraichean agus Dleastanasan.

Stiùireadh airson uachdarain poblach a thaobh Togail Saidhbheas na Coimhearsnachd tro rianachd fearainn agus sheilbhean.



## Coimiseanair Tuathanais Màil


Còdan-obrach air am foillseachadh, le taic bho chùis-obrach agus stiùireadh is comhairle fharsaingeach gus taic a thoirt do dheagh dhàimhean.

Stiùireadh air rèiteach eadar-roghnach airson deasbadan agus taic airson eadar-mheadhanachadh eadar uachdarain is luchd-màil a chleachdadh.

Lèirmheas air an dreuchd a tha aig bàilidhean oighreachdan còmhla ri molaidhean airson atharrachadh gus taic a thoirt do dheagh dhàimhean.

# An Ro-innleachd Againn: Sluagh, Smachd agus Soirbheachas





An Lèirsinn againn:  
Bidh seilbheadaireachd agus  
cleachdadh an fhearainn  
a' toirt taic do dhaoine is  
àitichean soirbheachail.

Tha sinn ag obair gus na builean fad-ùineach a leanas a choileanadh a thaobh sluagh, smachd is soirbheachas. Ma nì sinn an gnothach orra seo, bithear a' cumhachdachadh barrachd dhaoine, a' toirt dùbhlain do mhì-chleachdadh smachd far a bheil sin a' tachairt agus a' neo-ghlasadh chothroman soirbheachais. Bidh na builean a' cuideachadh gus còraichean eaconamach, sòisealta agus cultarach a thoirt gu buil mean air mhean, amas a tha a' dràibheadh modh-obrach na h-Alba a thaobh ath-leasachadh an fhearainn.



# Sluagh

Tha daoine a' gabhail pàirt ann agus a' toirt buaidh air co-dhùnaidhean air mar a chleachdar fearann.

Tha Aithris Còraichean is Dleastanasan an Fhearainn a' cur an cèill gu bheil an dùil gum bi daoine a' gabhail pàirt ann an co-dhùnaidhean air fearann, a' gabhail a-steach tro cho-obrachadh brìghmhor agus conaltradh leis a' choimhearsnachd. Thairis air na sia bliadhna mu dheireadh, thathar air a bhith nas dealasaiche a thaobh conaltradh leis a' choimhearsnachd thar nan raointean fearainn agus tha barrachd aithneachadh air a bhith ann a thaobh nam buannachdan a bheir sin gu uachdarain is manaidsaran fearainn a bharrachd air coimhearsnachdan. 'S e seo bunait làidir air am faodar togail barrachd gus co-dhùnaidhean a dhèanamh deamocratach.



## Fòcas

Bidh am fòcas againn air comas na coimhearsnachd a mheudachadh ann an co-dhùnaidhean air fearann agus atharrachadh cleachdadh an fhearainn, agus air dòighean trìd-shoilleir agus cunntachail a bhios a' comasachadh dhaoine gus pàirt a ghabhail ann an dealbhadh, roghainnean agus prìomhachasan airson cleachdadh an fhearainn, an dà chuid ann an co-theacsa bailteil agus dùthchail.

Leis gu bheil astar gu math luath agus sgèile mòr ann an atharrachaidhean ann an cleachdadh fearann dùthchail mu choinneimh amasan gnàth-shìde agus nàdar, tha e deatamach airson eadar-ghluasad cothromach gu bheil daoine comasach a bhith mar phàirt den atharrachadh seo agus cumadh a thoirt dha ann an dòigh a tha brìghmhor agus tairbheach do na coimhearsnachdan is eaconamaidhean ionadail aca.

Ann am bailtean is bailtean-mòra na h-Alba, bu chòir gu bheil daoine a' faireachdainn gu bheil comas aca pàirt a ghabhail gus cumadh a thoirt do dh'atharrachadh, leasachadh agus mathachadh. Bu chòir gu bheil daoine comasach air atharrachadh a thòiseachadh, faighinn seachad air cnap-starraidhean seilbhheadaireachd far a bheil cuingealachadh ann agus dèiligeadh riutha, mar eisimpleir gus dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt làraichean fàsail air ais gu cleachdadh tairbheach.



# Smachd

Tha smachd agus cumhachd air fearann air an co-roinn nas fharsainge tro sheilbheadaireachd is riaghladh eadar-mheasgte.

Tha am pàtran a th' againn an-dràsta airson seilbheadaireachd fearainn agus còraichean fearainn a' dùmhlachadh smachd am measg deannan dhaoine agus bhuidhnean, nì a dh'fhaodas monopolaidhean ionadail a chruthachadh. Far a bheil ath-leasachaidhean don dòigh sa bheil ag eagrachadh chòraichean fearainn a' leudachadh com-pàirteachadh, faodaidh sin ùr-ghnàthachadh is cothroman eaconamach, sòisealta agus àrainneachdail a dhràibheadh air adhart, a bharrachd air cuideachadh gus neo-ionannachdan a lùghdachadh.

## ★ Fòcas

Bidh am fòcas againn air dòighean sam faodar cruthan seilbheadaireachd agus riaghlaidh a chruthachadh a tha nas eadar-mheasgte. A bharrachd air dòighean gus seilbheadaireachd le coimhearsnachdan, daoine fa leth agus eile a chomasachadh, bidh sinn a' cur fòcas air na dòighean sam faod diofar roghainnean riaghlaidh barrachd chothroman airson seilbheadaireachd is smachd co-roinnte fhosgladh.

Ann an Alba dhùthchail, tha barrachd airgid a' dol a-steach gu calpa nàdarra, agus tha seo a' cruthachadh cothrom gus modhan-obrach a stèidheachadh a thaobh seilbheadaireachd mheasgaichte agus riaghladh anns am bi barrachd comais aig coimhearsnachdan. Leanaidh sinn oirnn leis ar n-obair gus taic a thoirt don phoileasaidh eadar-amail aig Riaghaltas na h-Alba, Prionnsapalan airson Inbheisteachd Cunntachail ann an Calpa Nàdarra, a thoirt gu buil. Ann an co-theacsa bailteil, bidh sinn a' cur fòcas air na dòighean sam faodar gluasad bho sheilbheadaireachd fhulangach do sheilbheadaireachd spreigeach, gu h-àraid far a bheil seilbheadaireachd mar chuingeachadh air neo-ghlasadh chothroman.

Leanaidh sinn oirnn a' toirt seachad comhairle air atharrachaidhean reachdail mar a tha a dhìth, mar eisimpleir gus cumadh a thoirt do Bhile Ath-leasachadh an Fhearainn. Bidh sinn cuideachd a' cur fòcas air cothroman airson ceannardas nach eil feumach air atharrachadh reachdail, a' gabhail a-steach obair còmhla ri uachdarain sa h-uile raon gus diofar mhodhan-obrach riaghlaidh a chur an gnìomh.

Bidh an Coimiseanair Tuathanais Màil a' toirt taic do dheagh dhàimhean eadar uachdarain agus luchd-màil àiteachais, a' gabhail a-steach a' dèiligeadh ris a' bhuil airson na dàimhe seo bho atharrachaidean ann am poileasaidh nas fharsainge, mar eisimpleir air taigheadas no air calpa nàdarra, agus a' toirt seachad comhairle air atharrachaidhean reachdail mar a tha a dhìth.



# Soirbheachas

Luach agus buannachdan an fhearainn gan cleachdadh gu cothromach gus soirbheachas eaconamach is sunnd a chruthachadh.

Gu ìre a tha a' sìor-fhàs, tha fearann na h-Alba luachmhor agus tha iarrtas ann air. Tha cothrom aig Alba a bhith a' fàs agus a' cleachdadh an luach seo ann an dòigh nas ro-innleachdail na thachair san aimsir a chaidh seachad, gus cuideachadh ri taic a thoirt do shoirbheachas co-roinnte agus sunnd san ùine fhada.



## Fòcas

Bidh am fòcas againn air dòighean sa bheil luach an fhearainn ag atharrachadh, cò às a tha luach a' tighinn agus mar a b' urrainnear a chleachdadh ann an dòigh nas fheàrr gus taic a thoirt do thogail saidhbheas na coimhearsnachd agus meudachadh soirbheachas nàiseanta san fhad-ùine. Bidh sinn a' toirt sùil air mar a tha modhan-obrach a thaobh luach ag atharrachadh agus mar a tha an luach poblach ann am fearainn ga mheudachadh. Dh'fhaodadh seo gabhail a-steach sùil a thoirt air na luamhain poileasaidh a tha rim faotainn, mar eisimpleir cìsean is poileasaidh fiosgail, agus na tha air tachairt gu h-eadar-nàiseanta far a bheil sin iomchaidh.

A bharrachd air a bhith bunasach airson soirbheachas poileasaidh eaconamach na h-Alba a mheudachadh, tha sgrùdadh luach an fhearainn agus mar a thathar ga làimhseachadh buntainneach ri grunn raointean prìomhachas poileasaidh ann an Alba a libhrigeadh, a' gabhail a-steach libhrigeadh taigheadais, cothrom air fearann airson àiteachas agus leasachadh gnothachas tuathanachais, seilbheachd fearainn le coimhearsnachdan agus libhrigeadh bun-structair.

Tha na trì builean àrd-ìre seo dlùth-cheangailte ri chèile agus ann am [Prògram na h-Obrach](#) againn bidh sinn a' toirt prìomhachas do raointean obrach a bhios a' libhrigeadh thar a h-uile gin de na trì.



# Mar a bhios sinn a' libhrigeadh

Tha an dreuchd againn a' coimeasgadh ceannardas còmhla ri dleastanasan reachdail gus lèirmheas a dhèanamh agus comhairle a thoirt seachad air atharrachaidhean do lagh agus do phoileasaidh. Bidh sinn a' strì gus dòighean smaoineachaidh ùra a bhrosnachadh, a bhith ag obair ann an dòigh fhosgarr agus so-ruigsinneach, a bhith a' faighinn dùbhlain agus a bhith a' toirt seachad dùbhlain ann an dòighean a bhios a' toirt taic le fianais agus anailis.

Bidh sinn a' libhrigeadh na ro-innleachd againn le bhith a' dèanamh na leanas:



**A' toirt seachad comhairle air lagh, poileasaidh agus cleachdadh** – bidh sinn a' toirt fianais, anailis agus comhairle do Mhinistearan na h-Alba, Pàrlamaid agus luchd-ùidhe.



**A' toirt taic do bhuileachadh practaigeach Aithris Còraichean agus Dleastanasan Fearainn na h-Alba** – bidh sinn a' toirt seachad comhairle agus stiùireadh gus daoine agus buidhnean a chuideachadh a bhith a' toirt gu buil prionnsapalan na h-Aithris, a' gabhail a-steach tro bhith a' libhrigeadh a' phrògram Deagh Chleachdadh againn.



**A' brosnachadh deagh dhàimhean eadar uachdarain agus luchd-màil àiteachais tro dhleastanasan a' Choimiseanair Tuathanas Màil** – bidh sinn a' toirt taic do libhrigeadh dleastanasan reachdail a' Choimiseanair Tuathanas Màil, a' sireadh sineirgidhean leis a' phrògram obrach nas fharsainge againn.



**A' dèanamh conaltradh le daoine air carson a tha fearann cudromach agus mar as urrainn dhaibh a bhith an sàs ann** – bidh sinn a' gabhail a-steach am poball agus luchd-ùidhe san obair againn, a' togail co-obrachadh agus a' cleachdadh ar dreuchd mar chathraiche gus diofar ealantasan agus seallaidhean a thoirt ri chèile le fòcas co-roinnte.

## Prògram na h-Obrach

Tha na prìomhachasan airson libhrigeadh againn air an cur an cèill ann am [Prògram na h-Obrach](#) againn, a thathar a' foillseachadh agus a' cur mu choinneimh na Pàrlamaid. Tha sinn an dùil gum bi sinn ag ath-ùrachadh Prògram na h-Obrach againn co-dhiù gach 18 mìosan air chor 's gum mair sinn buntainneach agus comasach a bhith a' freagairt ri àrainneachd a tha ag atharrachadh gu luath.

Tha na planaichean gnothachais bliadhna againn a' cur an cèill mar a bhios sinn a' cleachdadh nan goireasan againn anns gach bliadhna ionmhasail gus Prògram na h-Obrach agus am Plana Ro-innleachdail againn a libhrigeadh.

# A' cumail suas mar bhuidheann àrd-dèanadach

## Na luachan againn



### Ionracas

Tha sinn ag obair do agus cunntachail do mhuintir na h-Alba



### Dùbhlán

Tha sinn a' cur dùbhlán mu ar coinneimh fhìn agus mu choinneimh dhaoine eile gus atharrachadh a stiùireadh



### Ùr-ghnàthachadh

Tha sinn a' cruthachadh smaoinich a tha àrd-amasach agus adhartach



### Cumhachdachadh

Tha sinn gar brosnachadh fhìn agus daoine eile gus amasan na h-Alba a thoirt gu buil tro ath-leasachadh an fhearainn

## Leasachadh na buidhne

Tha a' bhuidheann againn air atharrachadh gu mòr bhon a chaidh ar stèidheachadh o chionn sia bliadhna air ais agus bidh sinn a' cumail oirnn a bhith a' toirt cumadh don chultar againn is do na dòighean-obrach againn a dh'aona-ghnothach gus sàr luchd-obrach a thàladh agus a chumail, sgioba àrd-amasach a bhrosnachadh agus deagh riaghladh a shocrachadh.

'S iad na prìomhachasan againn sna trì bliadhna ri thighinn:



A' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-ghluasad soirbheachail ann tro atharrachaidhean dhaibhsan a chuireadh an dreuchd air a' bhòrd ann an 2023 agus 2024.



A' glèidheadh modh-obrach so-lùbach agus spionnmhor a los gum faodar tarraing air measgachadh sgilean tro luchd-obrach agus obair cho-obrachail taobh a-staigh nan goireasan a tha rim faotainn.



A' brosnachadh cultar leasachadh leantainneach tro phrògram leasachadh buidhne.

Tha sinn a' cur cuideam mòr air gum bi sinn nar buidheann a tha fosgarra gus so-ruigsinneach mu choinneimh a' phobaill agus leanaidh sinn oirnn a' togail lìonraidhean làidir a bhios a' fiosrachadh ar n-obair agus a' meudachadh na buaidhe a bhios aice. Leanaidh sinn oirnn a bhith a' coimhead chun an taobh a-muigh agus ag iarraidh ionnsachadh bho dhaoine eile ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta.

# Ro-innleachd ionmhasail

Tha an obair againn air ionmhasachadh tro thabhartas gus cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba, agus tha sinn ag aithneachadh nan dùbhlann stòrais ann an caiteachas poblach thar nan trì bliadhna ri thighinn.

Tha an ro-innleachd ionmhasail againn airson so-lùbachd gu leòr a chumail dhuinn gus ar comasachadh a bhith sgiobalta agus so-fhreagrach, mar eisimpleir gus na sgilean is ealantas riatanach fhaighinn gach cuid tro dhreuchdan luchd-obrach agus tro obair air a coimiseanadh. Tha sinn a' dèanamh seo le bhith:



A' cumail grèim teann air na cosgaisean stèidhte againn agus a' sireadh shàbhalaichean agus/no cothroman airson caiteachas co-obrachail far a bheil sin comasach.




Ag ath-sgrùdadh mar a thathar a' cur dreuchd gu feum nuair a dh'fhàsas an dreuchd bàn.



Seirbheisean co-roinnte agus co-shuidheachadh – Tha sinn air na cosgaisean oifis againn a lùghdachadh o chionn ghoirid tro cho-shuidheachadh agus leanaidh sinn oirnn cothroman sheirbheisean co-roinnte a chur gu feum far an gabh a dhèanamh.





Ann an 2023/24 tha Riaghaltas na h-Alba air £1.559 millean a riarachadh do Choimisean Fearainn na h-Alba mar thabhartas-gus-cuideachadh. Tha an ro-innleachd ionmhasail againn airson na h-ùine 2023-26 an dùil gum bi ìre choslach de mhaoineachadh bliadhnail ann stèidhte air dreuchd is dleastanasan a' Choimisein an-dràsta. Tha na planaichean againn gus am buidseat a chosg air an cur an cèill gu h-ìosal, le cosgaisean luchd-obrach agus phròiseactan air an riarachadh do na prìomh raointean obrach againn.


## Riarachadh a' bhuidseit 2023-26



# Cumail sùil air coileanadh

Thar ùine a' Phlana Ro-innleachdail seo, bidh na h-aithisgean bliadhnaile is cunntasan againn a' tracadh an adhartais againn agus a' toirt cunntas 'grad-shealladh' air an dèanadas againn le bhith a' cleachdadh nam prìomh chomharra coileanaidh a leanas:

| Raon coileanaidh   | Prìomh Chomharra Coileanaidh  | Targaid 2026  |
|--|---|---|
| <br><b>Libhrigeadh</b>              | % de thoraidhean planaichte sa phlana gnothachais bhliadhnaile a chaidh a libhrigeadh | <b>95%</b><br>de thoraidhean planaichte air an libhrigeadh                                    |
| <br><b>Ionmhasail</b>             | % de mhaoineachadh làithreach aig deireadh na bliadhna                                | Taobh a-staigh <b>2%</b> den bhuidseat iomlan riarachta                                       |
| <br><b>Riarachas luchd-obrach</b> | % de riarachas luchd-obrach   | <b>↑%</b><br>Cinneas ann an % riarachais  |
| <br><b>Dàimhean luchd-ùidhe</b>   | Fios air ais mar a fhuairidh tro sgrùdaidhean air faireachdainnean luchd-ùidhe        | <b>↑ =</b><br>Meudaich/glèidh faireachdainnean a thaobh buntainneas agus buaidh a' Choimisein |







SCOTTISH LAND COMMISSION  
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

## Cuir fios thugainn

Coimisean Fearainn na h-Alba  
An Lòchran  
10 Làrach Inbhir Nis  
Inbhir Nis  
IV2 5NA

@ [info@landcommission.gov.scot](mailto:info@landcommission.gov.scot)

☎ 01463 423 300

🌐 [www.landcommission.gov.scot](http://www.landcommission.gov.scot)

Lorg sinn air:

